

Aithisg mu ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd ann an Comhairle nan Eilean Siar

An dèidh turas gu na h-Eilean Siar san t-Samhain 2021, dh'innis Luchd-sgrùdaidh an Rìgh gun robh Comhairle nan Eilean Siar agus na com-pàirtichean Ionnsachaidh agus Leasachaidh Coimhearsnachd (CLD) aca air a bhith a' dèiligeadh ris na dùbhlain an lùib a' ghalair mhòr-sgaoilte COVID-19 agus a' cur an cèill phlanaichean gus taic a thoirt do fheabhas. Thuir Luchd-sgrùdaidh an Rìgh gun robh feum air barrachd ùine gus prìomh raointean a thoirt air adhart airson an leasachadh, agus dh'iarr iad aithisg air adhartas taobh a-staigh sia mìosan an dèidh dhan aithisg a bhith air a foillseachadh. Chuir Comhairle nan Eilean Siar agus a com-pàirtichean CLD aithisg a-steach san Iuchair 2022 agus choinnich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh riutha san Lùnastal gus bruidhinn mun t-susbaint.

Rinn Luchd-sgrùdaidh an Rìgh lèirmheas air an aithisg adhartais agus chaidh iad an sàs ann an conaltradh proifeiseanta leis an luchd-obrach aig a' choinneimh san Lùnastal. Tha e soilleir on a thadhail sinn ann an sin mu dheireadh, gu bheil stiùirichean ro-innleachdail air an lèirsinn de CLD a mheudachadh. Tha com-pàirtichean sa Chom-pàirteachas CLD ag obair gu math le stiùirichean ro-innleachdail agus le chèile gus co-phlanadh CLD a neartachadh. Mar thoradh air seo, tha leasachadh air a thighinn air riaghlachas CLD. Thathar a' sìor chur luach air CLD mar phàirt chudromach den t-solair foghlaim.

Tha co-phàirtichean dealasach mu bhith ag obair còmhla gus an co-fhèin-luachadh agus sgrùdadh coileanadh CLD a leasachadh. Tha fiosrachadh mu choileanadh CLD mar phàirt de dh'aithriseadh riaghailteach gu comataidh Sheirbheisean Foghlaim, Spòrs agus Chloinne. Tha plana CLD air ùrachadh agus a-nis tha com-pàirtichean stiùiridh agus slatan-tomhais coileanadh mu choinneamh gach gnìomh. Tha com-pàirtichean CLD mothachail gum feum iad leantainn orra a' leasachadh thomhasan coileanadh tàbhachdach agus èifeachdach gus an glacadh is an aithris as fheàrr a thoirt air làn bhuidh CLD.

Dè thachras a-nis?

San fharsaingeachd, tha an t-ùghdarras-ionadail agus a chom-pàirtichean CLD a' gabhail cheuman freagarrach gus dèiligeadh ris na molaidhean bhon sgrùdadh thùsail. Mar thoradh air sin, cha thadhail sinn tuilleadh air Comhairle nan Eilean Siar agus a chom-pàirtichean CLD co-cheangailte ris an sgrùdadh thùsail a chaidh a dhèanamh.

Alona Mhoireach
Neach-sgrùdaidh an Rìgh
An t-Samhain 2022